

'S cuid eile aig reub do chluas ;
 Dream eile nan scud,
 Tigh'nn amach air do shuil,
 A spuinneadh 's a rusg do ghruaidh.

No m' fear thu bha poit.
 Gu tric a stigh osd,
 'S tu cridheil ag ol nan dram ?
 Nach iarradh dhuit fein,
 Do fhlaithneas De,
 Ach beirm a bhi 'g eiridh a'd' cheann ?

Nach iarradh tu cheol,
 Ach mionna mu'n bhord,
 Is feuchain co 'n dorn bu chruaidh :
 Mar bho no mar each,
 Gun tuigse gun bheachd,
 'S tu bruchdadh sa sceith mu'n chuaich ?

Na 'n duin' thu gha gluas'd,
 Gu cionaltu suaire,
 Gu measaradh stuam mu d' bhord ;
 Le miannaibh do chre,
 Fuidh chuibhreachadh geur,
 'N am suidhe gu feisd 's gu sogh ?

No 'n geocaire mor,
 Bha gionach air lon,
 Mar choin ann am feolach dearg ;
 Ag toileach' do miann,
 Pha duilich a riar,
 'S tu geilleadh mar dhia do d' bholg ?